

514-1596D-51

(i-5)

# LIFE OF JOHN COVEY. No. 5.

SEOLADAIR, AIR BORD AM VENERABLE

A FHUAIR A DHA CHOIS A SGATHADH DHETH

ANN AN

CATH CHAMPER DOWN,

OCTOBER, 11, 1797.

THA ur-sgeul brigh'or air aithris mu Seoladair a bh' air bord an *Venerable*, an Loingeas air an robh Ceannard a Chabhlaich, Ceann-feadhna Chlann-domhachaidh, an aghaidh nan Duitseach m' a chomhair *Champerdown*. Fhuair e 'n sgeula-sa o 'n Olladh Mac Dhonnachaiddh, caraid agus ministeur a mhorfhearr Mhic Dhonnachaiddh, a bha ann an teas a chatha, a' coimhnadh nan leigh 'an ceangal suas, agus 'an gearradh chos agus lamh nan daoine buailte. Tha 'n t-Olladh ag radh, gun tugadh seoladair, gam 'b ainm *Cobhey* a nuas far an robh na lighichean, agus a dha chois air an sgathadh dheth: agus mheasa feumail gu 'm b eigin an gearrudh dhoth ni b' airde. Thuirt *Cobhey* leis na mionnaibh mora, gun robh fiughair aige gun deanadh an gearradh sin an gnothach air dochann a pheileir? *Tha eagal orm dheth, ars an Leigh.* Cha 'n eil diuras ann *arsa Cobhey*, chaill mi mo dha chois ris, agus nath a dh' fhaoidte mo bheatha cuideachd, ach thuirt e leis ia mionnaibh mòra, thug sinn buaidh air na Duitsich! uime sin bheir mi son ghàir eile asam: Husà! Husà!

Tha 'n sgeul so nis ro-chomharaichte, le nithibh a thahcair roimhe agus 'na dheigh so. Bla *Cobhey* na rogha Seoladair, agus bha e ainmeil a thaobh a mhór-mhisnich; ach bha e comharaicht a thaobh peacaidh co math agus crua-dail. Beagan laithean m' an do choimhich iad na Duitsich,

bhruadar e gun robh e ann am blàr, far an deachaidh a dha  
 chois a thilge dheth, agus gun robh e air mhearaichin. Thug  
 an aisling air a churaidh so bhi air bhall-chrith, agus oirp a  
 thoirt air urnuigh a dheanamh; ach a chionn nach bu chaomh  
 leis Dia bhi na aire, thug e oirp air a leig air di-chuimhn  
 agus air an drughadh a rinneadh air arson a pheacaidh a  
 chuir as aire, le pòit agus le gnathacha mi-stuama le cho-  
 sheoladaribh. Bu diomhain dha an oirp. Bha smuainte  
 mu a pheacaidh, mu Dia, agus mu bhas, a' cur iomaguin  
 shonruicht' air a la agus a dh' oiche, agus a' cuir eagail air  
 mu na bha ri tachairit da sa bheatha so agus san ath-bheatha,  
 gus 'n do chuir sealladh air a chabhlach Dhuileach, agus a  
 cho-chainnt ri muinntir na Luinge san robh e fein, le iad a  
 bhi cuir rompa an treubhantas a dheanadh iad, na smuainte  
 dubhach ud as aire. 'Nuair bha'n da chabhlach a' teachd 'an  
 gara ga cheile thug an sar Cheannfeadhnaidh a bh' aguinn,  
 aithne ga chuid sluaigh iad gan leige fein nan sineadh air clàr  
 nan soithichean, gus am biadh iad dlu air an namhuid, 's  
 gur ann bu mho a dheanadh an teine de dholaidh dhoibh.  
 Bha na soithichean Duitseach air tòiseacha ri losgadh air  
 an *Venerable*, an àm dhi bhi dol sios r' an taobh gu 'n cur  
 as an ordugh. Bha 'n *fuirbi* trein aingidh so, *Cobhey*, ri  
 guidheachain agus ri mallachadh do 'n chuid eile de na  
 seoladaribh a chionn iad a bhi nan sineadh a sheacladh  
 peileirean nan Duitseach. Dhìult e geill a thoirt do 'n iartas,  
 gus an robh e fo eagal le fear de na h-oifigich a bhi dlu dha,  
 agus thug e ann an cail geill do 'n ordugh, le uchd a chur air  
 buideal a bha 'm fagas da, gus an d' fhuair iad ordugh tein'  
 a thoirt. 'Sa' cheart am san robh e 'geiridh sguab peilier an  
 lethchas agus a chuid bu phailte de 'n te eile dheth; ach bha  
 'n gniomh co obann, ged a mhothaich e 'n goirteas, 's nach d'  
 thug e 'n aire gun do chaill e na cosan gus 'n do thuit e sios.  
 'Nuair chaidh a chasan a ghearradh ni b' airde, 'sa sguir gàir  
 a chatha, thainig a bhruadar na aire, agus smaoinich e, leis  
 mar a thainig an dara earrann deth gu crich, gun d' thigeadh  
 an earrann eile dheth ann cuideachd. Agus ma smaoinicheadh  
 air a chradh a dh' fhuiling e le chosaibh a ghearradh ni b' airde,  
 agus leis an iomaguin shonruicht' a bli' air gun tigeadh a  
 chuid eile d'a aisling gu crich; 'sann is mor an t-iongantas  
 nach deachaidh e as a cheill; ach bha so r' a shoilleireacha dha  
 'an diaigh laimhe. 'An ceann aimsir an diaigh sin, thainig  
 e mach a tigh-eiridinn Haslair, 's e na urrainn caileign de

Implications

*dejected*

għluasad a dheanamh air da luig, agus air cosaibh maide; ach bha e ro-throm-inntinneach fo eagħ mar thug breitnejas. De uaith a dha chois arson a pheacaidh, gun cailleadh e āi an son an da chuid a chiall agus anam.

Se iompachadh obair Dhe;—obair-san a mhain; agus is tric a tha e ga toirt gu crīch air *doigh* iongantaich. Tha i air a toirt gu crīb air dhoiġ a bbrosnuicheas aire, agus iognadħi. Mar ann an riaghla dh an t-saogħail, tha e āi uairibh a' dealachadh o' chleachda naduir,—'s amhuil ann am fritheala nan gras, a tha e nochdadħ a dheagh thoil ard-uachdranaich, le caileigin de dh' eadar-dhealachadh a dheanamh o'n doigh għnathhaikte chum anman a shaoradħ. Chaidh daoin' a bh' ann am mearachdaibh millteach, a bh' air an toirt thairis do na lochdaibh bu għraineile, 'sa bha co cheann-laidir 'sa bha iad aingidh;—daoine bha'n caithe-beatha na champar agus na thamailte d' an cairdibh, na dliragh da'n choimhearsnachd 's an robh iad, agus na mhalluchadh do'n chomunn da'm buineadh iad; daoine a bha seolta teomadh ann an toileachdh neo-ghlan, innleachdach ann am mi-naomhachadh, ladurna ann an toibheum, agus a thaobh coslais abuich cbum leir-sgrios: ann an aon flōkal, chaidh daoin a bha air thus gach peacaidh, iompachadh gu rioghachd Dhe le gras, fa leth, am feadh a bha'm fein-ionraic, ag earbsa r'a dheagh caithe-beatha agus r'a dheanadas, air a chall na chionta.

Tha mor chumħachd Iosa, air fħoillseacha na mħinistreil-eachd fein, agus ann an ceud shearmonachadh an t-soisgeil leis na h-abstoil,—a' toirt buaiddh ann am focal na firinn. Tha ioma neach aig a bheil dreuchd fheumail san ām ann an Sion, a bha aon uair co' -ionann ris na daoine bu truaillidb. Tha san ām so, ioma neach “nan suidh aig cosaibh Iosa, air an sgeudachadh, agus nan ceil l-shuidhixtie fein,” a tha an teagħamh, roi bheil eagħal, agus fo thair, a thaobh eo chomħarraxtie sa bha iad aon uair ann an slighibh an uile. Ion-samħu a bhrathar bu shineadħ ann an samħladh a Mhic Stroghaj, air a sheide suas le uaiġġ as a mħaitheas agus as aitħriġhead fein, bithidh cuiḍ fo mhi-għejan, agus cha għabb iad co' pairt de'n chuirim a dħeasa ħeadeħ arson a pheacaich a phille ri Dia, Ach ge b'e barail a bhios aig an Phairiseach uaibhreacħ ann-dana, 's e so a bhitħeas na mhuingħin agus na aoibhneas aig a chreideach aitħreachail, nach 'eil caithe beatha no cor, no cionta, ris nach gabh saorsadh an t-Slannigh'ear caramli, agus cha n' eil aon neach san am so sleuchdta sios aig a chosaibh,

ged a bha e roimhe so am measg nan ciontach bu ghraineile, nach fhaigh fa-dheoidh lan chòir air uile shochairean na slainte sin an lathair a righ-chaithreach. Tha so air a dheagh shoilleireachadhi ann an sgeula Cobhey.

*Chual e iomradh air tigh-aoraidh Phortsea a chned fheasgar domhnuich an diaigh dha an Tigh-eiridin fhagail, agus chaidh e ann. B' e'n stéigh theagaing air an fheasgar sin, Marc. v. 15. Agus thainig iad chum Iosa, agus chunnaic iad an ti anne an robh an deamhan agus aig an robh an legion, na shuidhe, agus eudach uime, agus a chaill aige.* Nochd am ministeur gun robli an duine so a bha fo chumhachd an droch-spioraid na shamhladh freagarrach do gach peacach; ach gu sonruicht air peacaich a tha 'caitheadh am beatha gun riaghaitt gun ordugh, luchd-misg agus mhionn a tha deanamh dochair orra fein, agus air daoin' eile: ach tha e bhi na shuidhee aig cos-aibh Iosa, le eudach uime, na cheill fein, na shamhladh iom-chuidh air peacach air iompachadh ri Dia trid an t-soisgeul, air a dheanamh mothachail air olc a pheacaidh, mor-luach an anma, agus am feum a th' air slainte trid an Fhir-shaoruidh; a' sealbhacha sithi inniu, co-chomunn ri Criod agus r'a shluagh a 'toirt creideis do na sgriobtuiribh naomba, agus a faghail teagaing o Criod Caraid pheacach. Dh' eid Cobhey ris le aire agus ioghnadh; ghabh e ionantas cionnas a b' urrainn do'n ministeur easan a chomharrachadh a mach a' measg a choilion ceud, no co a dh' fhaodadh innse co mion uime-san do'n fheartheagaing. Bha 'm barrachd ioghnaidh air 'n nair a chual e a cur an ceil, ar leis, a chaithe beatha gu h-iomlan, gu ruig na peacaidh bu diomhaire a chuir e 'an gniomh. Cha b' urra dha innse c' arson a dheanadh fear-teagaing, searmoin gu h-iomlan uime-san, nach robh ann ach maraiche bochd air dhà chois mhaide. Leis mar chaidh a pheacaidh a chuir na aire as ùr, bha e air a lionadh le uamhunn gu mòr na bu chràitiche na bha roimhe air. Bha e re seal air a lionadh le ea-dochas, agus ar leis gun robh e nis a call a chéille, gun rachadh e eug, agus gum biodh e caillte; gus an do nochd am pears eaglais gun robh Iosa Criod co toileach am peacach bu ghrain eile a thearnadh 's a bha e air cobhair a dheanamh air an duine bhochd ud san robh, 'n deamhan; agus gun robh duin' air aiseag chum a chéill shuidhichte fein 'nu air a chreideadh e ann. Thòisich e nis ri fior-bhrigh a bhruadair a thuigsinn. Bha e meas gun robh e air mhearaichinn fad a bleatha gus anis, agus le e chreidsinn ann-san gu 'm biodh e air aiseag gu chéill

such a member of

cheirt a rithist. Bha aiteas ro-nhor air an sin. 'Nuair a chual' e mu ghradh anabarrach Iosa Criod do pheacaichibh, ghabh e dochas an aite ea-dochas agus aoibhneas an aite namhunn! Bha na suilean air nach d'thainig deur an am a dha chois a chall, a nis a' sile gu frasach, araon le aoibhneas agus le mulad! An ceann seachduinn no dha an diaigh so, rinn e gruth orm, agus dh' aithris e dhomh each druidh uile, agus fhein-fhiosrachadh. Bha iongantas air nach d'fhuair mi riabh sgeul uime 'n uair a liuthair mi an t'searmoin a fhreagair ga chor-sa. Mu thimchioll bliadhna an diaigh so chaidh a ghabhail a stigh mar bhall d' ar 'n-eaglais-ne, air dha dearbha taitneach a thoirt gu'm b'fhior Crioduidh e. O chionn ghoirid chuala mi gun robh e gu tinn, agus chaidh mi ga fhaicinn. 'Nuair a ðh'inn-trinn mi a sheomar, thuirt e. *Thig a stigh, a dhuine le Dia!* Bha mi gabhail fadail gu t'fhaicinn, a dh' innse dhuit cor sonadh m'-inntinn. Se mo bharail gu'm faigh mi 'n uinc ghearr am bas: ach cha'n'eil am bas a nis na uamhas orm. Se gath a bhais am peacadh, ach buidheachas do Dia, thug e dhomhsa a bhuaidh trid Iosa Criod. Tha mi triall gu neamh! O! 's mor a rinn Criod as mo leth, aon de na peacaich bu ghraineile bh' air thalamh! Beagan m' an do chaochail, e, thuirt e. "Stric a bha mi ann am barail gum b'eagallach an ni dol gu has, ach tha mi nis ga mhothacha so-dheanta. Tha lathareachd Chriod ga dheanamh furasda. Tha 'n solas a tha mi 'faireachduinn ag eiridh o ghradh Dhe do pheacaich, o bhi smaoineachadh air bhi maille ris an t'Slanuighear, air mo shaoradh o chridhe peacach, agus a bhi mealtuinn lathareachd Dhe gu siorruidh, nis mo n' as urrainn domh a chuir an ceil! O am muthadh baralach a th' agam mu Dia, umam fein, agus mu shaoghal eile an drasta, seach na bh'agam 'n uair a chaill mi mo dha chois air bord an *Venerable!* Bu sholasach an call dhomhs' e! Mar caillinn mo chosan, bha mi 'n cunnart m' anam a chall!" Le lamha togta agus glaiste r'a cheile, agus a shuilean a' dealradh le fior-dhurachd troi na deoir a bha sruthadh uatha, thuirt e, "O fir-theagaisg ionmbuinn, guidheam ort, 'n uair a theid mis eug, searmonaich searmoin adhlaic do sheoladair bochd; agus innis do chàch, gu h-araidh do no maraichibh, a tha co aineolach agus co malluichte sa bha mise, gun d'fhuair Cobhey bochd trocair o Dhia, tre chreidimh, ann am ful Chriod! Innis doibh o'n a fhuair mise trocair, nach ruig aon neach a dh' iarras e dùil a thoirt dheth. 'Saithne dhuit fein mar their thu gu mor ni's

**fearr** na's aithne dhomhs' e ! Ach, O ! buin gu durachdach riu ; agus gun deonaiche Dia gum faigh mo choimhearsuaich aingidh, agus mo cho' sheoladairean trocair co math 'sa fhuair Cobhey!"—Thuirt e moran tuille : ach si cainnt ma dheire thuirt e, Haleluia ! Haleluia !

Ma tha cunntas mu threubhantachd agus mu chruada airidh air an cumail air chuimhne, cha lugha tha iompachadh, airidh air a chuir sios, chum cliu grais Dhe, mar urram do chreidimh ar Tighearna Iosa Chriosd. Nam faiceadh na daoine uails, abha aon uair nam fianuisean air a neo-dhiadhachd, mar ghnathaich se e fein aig uair a bhais, chitheadh iad an caochladh taitneach a thainig air tre ghras foghainteach ar Fir-shaoruidh throcairich.

Cha 'n 'eil an sgeul mu thoiseach caithe-beatha an duine eo ni's freagarriche do ghnathachadh a chuid is pailte de mhabhach ibh cruaidh chridheach, mi-naomhla, na tha a chaithe-beatha an deireadh a laithibh, air caithe-beatha a Chriosduidh, agus na dhearbhadh air an fhiannuis fhior agus dhileas, airidh air gabhail rithe leis gach taitneachd, " Gun d' thainig Iosa Chriosd do 'n t-saoghal a thearnadh pheacach."

Tha 'n co'-chordadh a tha eadar oibre naduir agus focal De, air an eomharrachadh gu cothromach a mach a dhearbhadh gur ann o Dhia a thainig iad ar aon, agus a nochda gu bheil ioma ni annta, nach urrainn duinn a làn thuigsinn. Ach 's coir a thoirt fanear nach 'eil a bhi meoraich air a chordadh so a mhain a socrachadh creidimh, ach mar an ceudna dochas chreutairean ciontach a philleas ri Dia. Mar nach d-fhag se e fein an aon aite gun fhiànuis, a' dearbhadh le oibrigh agus le flreasdal, nach 'eil e fada o aon neach againn agus gur h-ann uaith-san a tha ar bith, ar beatha agus comas gluasad ; 's amhlui a tha 'n soisgeul ga thoirt dlù do 'n chiontach, agus dhoibh-san a tha 'gan diteadh fein. Ma tha aon neach a tha 'g aideachadh an Tighearn Iosa le bheul a' lan chreidsinn, agus a' tuigsinn brigh a chainnte fein, cha 'n fheum e tuille a thoirt misniche da gu teachd le muinghinn chum Dhe, agus g barantas a thoirt dha chum gairm air, agus earbs' a throcair Tha na tha air aithris m' an t-seoladair so a' cuir sin gu soilleir an eeill. Gun deonaicheadh Dia gun smaoinich gach neach a leughas e air a chuis, gun gabh iad aithreachas agus gun creid iad an soisgeul ! agus gun cum iad 'nan cuimhne gur neo-chomasach dhoibh-san dol as, a ni dearmad air slainte co mor agus co cinnteach 's a tha focal De a' foillseachadh.

## EIFEACHD FUIL CHRIOSD.

- 1 O 's ann tha 'n eifeachd 'am fuil an Uain !  
Chum ar n-euceartan ghlanadh uainn ;  
'S bochd an sgeul a tha r' a leughadh  
Nach 'eil speis di a reir a luaich.
- 2 Tha daoine gorach air sheol n' a dha,  
Nach aill leo dochas a dhur 'n a bhas ;  
Theid iad a dhi a dhiobhuil eolais  
Air an fhuil chaidh dhortadh chum ar slaint :
- 3 An dream thug speis di cha dean iad uaill,  
On is e chaidh cheusadh an ait' a shluagh ?  
Cha 'n ann diu fein a fhuair iad an reite,  
Ach leis an eifeachd tha 'm fuil an Uain.
- 4 'S e fein is eigin an cumail suas,  
An uair thig deuchainnean iomed uair ;  
Tha mheud de thruallidheachd mu 'n cuairt doibh  
'S nach toir iad buaidh ach le fuil an Uain.
- 5 Tha daoin' an t-saoghal an gaol 's gach uair  
Chum na caoirich thoirt thaobh o'n uan ;  
'S tha 'n leoghann beucach a ghnath a' saothaireach  
Dh' fheuchainn co dh' fhaodas e shlugadh suas.
- 6 O fanainbh dluth chum 's nach toir e buaidh !  
Na tugaibh geill da is theid e uaibh :  
A shaighdibh teinteach deanaibh a mhuchadh,  
O 'n rinn sibh cumnhant ri fuil an uain.
- 7 O bitibh laidir le armachd Dhe !  
Biodh creideamh slainteal agaibh mar sgeith :  
'S an uair bhios satan ag iarruidh fath oirbh  
Le cainnt an t-Slannighear duinibh a bheul.
- 8 'N uair bhios e faineachd am bheil sibh sgith.  
Innsibh dha gu do bhasaich Chriosd ;  
'S gu bheil ni 's leoир anns an fhuil chaidh dhortadh ;  
'S gum bhi bhur dochas innt' gus a' chrioch.
- 9 'N sin thig e 'n cardeas is their e-fein,  
Gur sibhs' an aireamh tha 'm fabhor Dhe ;  
Is ge do ghluais sibh mar is aill libh,  
Gum bi sibh sabhailt air feadh gach re.

- 10 Ach innsibh dha gur h-iad cairdean Dhe,  
Aig am bheil aithntean 's a ni d' an reir ;  
Nach dean àicheadh an lathair an t-sluaigh,  
Ach a lean an t-Uan ge b' e taobh a theid.
- 11 'S e cuilbhéirt shatain bhi laidir treun,  
A chumail chairdean gun ghradh da cheil ;  
Feuchaidh e faillimnean anns na braithribh,  
Dh' fheuchainn an tar e an cur o cheil.
- 12 O 's feumail a bhi ri caithris bhuan !  
'S a bhi 'g eigheach ri Righ nan sluagh ;  
Cha 'n 'eil ni chumas dluth ri cheil' iad  
Ach an eifeachd tha 'm ful an Uain.
- 13 Trid an Ti thug ar sith mu 'n cuairt,  
Cha 'n 'eil ni anns nach toir sinn buaidh :  
Co a dhiteas, no leagas sios sinn  
'S Fear-coimhead Israel 'g ar cumail suas ?
- 14 A' dol troimh 'n fhassach 's e fein an cul,  
Oir tha iad dha-san mar chloich a shul' ;  
Tha ghealla grasmhor nach dean e 'm fagail,  
Gus an toir e sabhailt iad chum na h-uir.
- 15 Trid gleann a' bhais bidh e fein 'n an coir,  
Gu 'n toirt sabhailt a suas chum gloir ;  
'S gu 'n cumail tearuint o gach namhad,  
San tir aghmhор am mar iad beo.
- 16 'S an uair bhios iad thall thar na h-uile truaig  
Bidh iad ag innscadh co thug dhoibh a bhuaidh  
Cha bhi a h-aon diu nach cuir ris a sheuladh,  
*Gur h-ann bha 'n eifeachd 'am ful an Uain.*

## A' CHRIOCH.

## GLASGOW :

*Printed by J. Niven & Son, Glassford Street,*  
For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and sold at their  
Depositories, 158, Trongate, and 48, Glassford Street.  
And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depository,  
6, East Register Street.



